

Clann an latha an-dè



Baile Lèir, An-diugh
Dìleab nam Moireach

An Sgeulachd

Tha an sgeulachd suidhichte ann am Baile Lèir san latha an-diugh. Chan eil mòran airgid aig pàrantan Bhilidh MacThòmais, agus tha Bilidh airson an cuideachadh.

Leugh e sa Mhersey Gazette gu bheil duais £100 ann airson fiosrachadh mun oighre dìleab nam Moireach a thathas dhen bheachd a tha a' fuireach san sgìre. Tha Bilidh a' cur roimhe faighinn a-mach cò a th' ann agus an duais a bhuannachadh.

Phòs mac Anndra Moirich, Tòmas, Raonaid. Ann an 1914, dh'fhalbh e dhan Chiad Chogadh Mhòr far an robh dùil gun deach a mharbhadh. Bha dùil aig Raonaid ri leanabh nuair a dh'fhalbh e agus, seach gu robh i an dùil gu robh Tòmas marbh, ghluais i a Bhaile Lèir còmhla ri a mac a bha 12 bhliadhna a dh' aois.


Leabharlann



Tha goireasan ùr san leabharlann mar choimpiutair agus tha tasglann de phàipearan-naidheachd na sgìre glèidhte air film microfiche. Ach, 's toigh leis a' Bhean-Phòsta Ghreumach, an Leabharlannaiche, seann nithean mar an seann chruinne fiodh aice a bhith ri làimh.

Nam biodh tu airson craobh an teaghlaich agad fhèin a rannsachadh, bhiodh an leabharlann math airson tòiseachadh ann. Fhuair a h-uile duine cead leabharlainn a chleachdadh fo Achd nan Leabharlann Poblach, 1853.

Nithean



Tha seann phàipearan-naidheachd glè thrìc air an gleidheadh

air microfiche. Dh'fhàg cuideigin duilleag aghaidh pàipeir bho 1929 fon ghlainne-amhairc. Tha dealbh air an duilleig aghaidh de phòsadh a bh' ann an sgìre nan docaichean.

Tha e ag ràdh: *"Chì thu fear agus bean na bainnse, Mgr agus a' Bhean Phòsta Rothach, a mac, Teàrlach, agus a charaid Bobaidh Mac a' Ghobhainn, agus daoine eile a tha a' comharrachadh latha a' phòsaidh"*



Tha seann chruinne fiodha mar seo againn fhathast. Sna meadhan linn-tean, bha daoine a' creidsinn gu robh an talamh còmhnaid agus, nan ruigeadh tu fàire, gun tuiteadh tu dheth!

Tha fios againn a-nis nach eil sin fìor agus bidh mòran dhaoine a' siubhal air feadh na cruinne. Ghluais seanaair Bhilidh, Theo, à Iamàica a Bhaile Lèir sna 1960an.



Tha làrach-lìn air a' choimpiutair mu chraobhan teaghlaich no sloinneadh. Tha iomradh air an làraich-lìn mu chraobh teaghlaich nam Moireach, mar a phòs Anndra Moireach Ealasaid Jones agus gu robh leanabh aca, Tòmas Moireach.

Phòs Tòmas Raonaid. Dh'fhalbh e dhan Chiad Chogadh Mhòr agus bha dùil gun deach a mharbhadh. Bha dùil aig Raonaid ri leanabh nuair a dh'fhalbh e agus rugadh am mac goirid an dèidh sin. Bha mac Raonaid 12 bhliadhna nuair a ghluais iad a Bhail Lèir.



Tha àireamhairean agus coimpiutairean air an cleachdadh tric an-diugh, eadar an rùm-sgoile, an dachaigh, a' mhòr-bhùth agus an oifis. Ach cha do chleachd e bhith mar sin.

Nuair a chaidh àireamhairean innleachadh sna 1880an, bha iad air an tionndadh le làimh agus cha robh iad ro mhath. 'S ann dìreach sna 1970an a thòisich àireamhairean an latha an-diugh

a' fàs bitheanta. Cha robh cead an cleachdadh san rùm-sgoile gu meadhan nan 1980an.



An-diugh, tha a h-uile clas san sgoil air a chlàradh agus feumaidh clann fuireach san sgoil fon lagh gu bheil iad 16. Ach suas gu deireadh an naoidheamh linn deug, chan fheumadh clann a dhol dhan sgoil fon lagh.

Sa chlàr-sgoile seo, tha ainmean na cloinne a bha nam buill dhen leabharlann. Chan eil ach aon ainm air a bheil coltas Albannach sa chlàr, Alex McNair.

LUCHD-FIANAIS



"Bha dùil agam gun do dh'fhàg mi cairt a' bhus an seo. Bha mi an seo còmhla ri Bilidh na bu thràithe. Tha e dhen bheachd gu bheil e a' dol a dh'fhaighinn fuasgladh air sgeulachd an dìleab a th'anns na pàipearan-naidheachd.

Tha mi ag ràdh ris, ma tha duine sam bith na oighre air an fhortan, feumaidh gur e mise a th' ann! Chan eil Albannach eile sa chlas! Nam faighinn fortan mar siud, cheannaichinn bòrd-spèilidh, 's dòcha baidhsagail ùr no cluicheadair MP3.

Tha Bilidh a' creidsinn cho mòr san sgeulachd seo. Bha e a' coimhead ann an tasglainn nan seann phàipearan-naidheachd agus làraich-lìn agus a' faighneachd dhan Bhean-phòsta Ghreumach, an Leabharlannaiche, mu chraobhan-teaghlaich. Sloinneadh am facal ceart air a shon, thuirt i.

Bha mi airson a dhol dhan phàirce-spèilidh ach bha Bilidh coma ach fuasgladh fhaighinn dhan sgeulachd. Bha e a' cur cheistean orm mu mo sheanmhairean agus m' uncailean ann an Dùn Dèagh. An uair sin, rinn e às a chur cheistean air seann Sheumais Moore sa bhùth-threallaich."

An Sgeulachd

Tha fear-gnothaich às an sgìre, Uilleam Moireach, 61, agus fear-togail gun obair, Aonghas Robasdan, 36, mu thràth air tighinn air adhart le tagradh airson na dìleab. Tha caraid Bhilidh, Ailig McNair, cuideachd dhen bheachd gur dòcha gur esan an t-oighre.

Leabharlann na Sgoile: Sheall sgeulachd ann an seann phàipear-naidheachd bho 1929 gun do phòs Raonaid (an dèidh dhi bhith an dùil gu robh a' chiad duine aice, Tòmas, marbh) fear air an robh Ruairidh Rothach ann an gàrradh-bhàtaichean Bhaile Lèir. Dh'atharraich Raonaid agus a mac an sloinneadh bho Moireach gu Rothach.

Bùth-threallaich



Canaidh muinntir an àite 'Treallaich Mhoore' ris a' bhùth seo ach tha Seumas Moore ag ràdh gur e 'seann nithean prìseil' a tha e a' reic.

Tha Seumas mar sheanair do Bhilidh oir cha b' aithne dha a sheanairean fhèin.

Nithean



Canar clapairean-ime ri na nithean neònach seo. Tha iad air an cleachdadh airson ìm a dhèanamh. An-diugh tha innealan a' dèanamh an ime agus chan eil feum air na clapairean ime. Mar sin, tha iad ann am bùth Sheumais.

Chan eil sinn an diugh a' cleachdadh seann nithean mar acfhainn eich agus cuibhleachan cartach ach tha iad fhathast air an reic mar bhuill sgeadachaidh air ballachan is eile.



Thàinig an t-artaigil on phàipear-naidheachd agus tha e mu dheidhinn oighre nam Moireach. Tha an ceann-naidheachd ag ràdh: "Fear san Sgìre a' tagradh airson Dìleab nam Moireach"

Tha fear Uilleam Moireach, 61, a tha ag obair mar leasaiche cuid-seilbh san sgìre, ag ràdh gur esan an t-oighre a tha air an fhortan seach gur e Moireach an sloinneadh a th' air agus gur e Raonaid a bh' air a sheanmhair.



Tha h-uile seòrsa nì ann am bùth Sheumais dìreach mar an t-seann dhealbh seo. Tha an sgrìobhadh air a' chùl ag ràdh:

"Is math a bha fios aige fhèin cuin a nochdadh e dhan t-saoghal. Rugadh Artair, an leanabh againn, am feasgar ro Latha VE. Fhuair e chun a' phàrtaidh co-dhiù! Bha athair, Teàrlach, cho moiteil às agus cha robh sràidean làn dhaoine a' dol a chur maill air Raonaid, an t-seanmhair, an naoidhean fhaicinn. Sìne Rothach."



Bhiodh an dèideag thiona seo aig a' chloinn sna 1940an. Feumaidh gu robh cuideigin a' dèanamh cluich gu leòr leis an seo oir tha am peant air caitheamh agus air sgàineadh. Ma tha iad ann an deagh staid, b' fhiach cuid dhe na dèideagan seo tòrr airgid an-diugh. Tha ainm air a' bhonn, "Artair Rothach"



'S e Muga Iubailidhdh a tha seo. Tha e 109 bliadhna a dh'aois agus seo agad e ann am bùth threallaich Sheumais! Chaidh am muga a dhèanamh gus Iubailidh Daoimein Banrigh Bhiòctòria a chomharrachadh.

LUCHD-FIANAIS



"Feumaidh mi suidhe an dèidh do Bhilidh a bhith an seo. Thàinig e a-steach mar ioma-ghaoth a' cur cheistean mu dheidhinn nan daoine a chleachd a bhith a' fuireach san àite agus saoil cò an t-oighre a bh' air na Moirich. Tha e dhen bheachd gun aithnich mise a h-uile duine!

Bha còir aig Bilidh a bhith ga mo chuideachadh a' gluasad nan seann bhogsaichean dhèideagan a-mach an cùl ach chan fhaighinn facal a ràdh. Mu dheireadh chuir mi air falbh dhan phàirce spèilidh e tràth ach am faighinn fois! Iarraidh mi air Stiùbhart mo chuideachadh an-diugh fhathast.

Bha e a' cluich leis an t-seann bhàta ud a-rithist. Tha cuimhn' agam gum bithinn fhèin a' cluich le dèideagan mar siud nuair nach robh mi a' cluich còmhla ris a' chù, Dìleas, nuair a bha mi a' fàs suas ann am Beul Feirste aig àm a' chogaidh. Tha Bilidh cho measail air an nì ud ach cha toir a mhàthair dha e oir tha an seann pheant puinnseanta. Chan eil cuimhn' agam cò às a thàinig e ach tha e air a bhith an seo bho linn cogadh nan con.

Co-dhiù, innsidh mi dhut na dh'innis mi do Bhilidh - tha fios agam cò nach e an t-oighre. Faodaidh na pàipearan-naidheachd a bhith ag ràdh gur dòcha gur e Uilleam Moireach an t-oighre ach chan e. Tha sin cinnteach.

Tha am bodach ud a' gabhail a h-uile cothrom air feuchainn ri airgead fhaighinn agus tha e a' feuchainn ris an dileab seo fhaighinn cuideachd. Fosgail fhèin leabhar a' fòn agus chì thu na ceudan leis an ainm Moireach!"

An Sgeulachd

Bùth Threallaich: Sheall seann dealbh bho 1945 Teàrlach Rothach, a mhàthair Raonaid agus a bhean Sìne a' comharrachadh breith am mic Artair air Latha VE. Chaidh seann dèideag bho na

1940an a lorg cuideachd agus bha 'Artair Rothach' sgrìobhte air.

Pàirce-spèilidh



Nuair nach eil Bilidh san sgoil no ag obair sa bhùth no air cuairt nam pàipearan, is toigh leis a bhith a' tighinn dhan phàirce-spèilidh agus a' dol air an rampa. Tha Bilidh a' fàs math air cleasan agus leum. Bidh e glè thrìc a' tighinn a spèileadh còmhla ri a charaid, Ailig McNair.

Nithean



Chì thu bogsaichean-fòn dearg air cairtean puist agus tha iad nan ìomhaigh de Bhreatainn. Ach tha mòran dhe na bogsaichean-fòn air falbh a-nis agus tha feadhainn nas ùire nan àite.

Seach gu bheil fòn cha mhòr sa h-uile taigh agus fòn-làimh aig mòran, tha conaltradh a-nis luath agus furasta. Ach o chionn fhada, ma bha thu airson brath a chur gu baile eile, dh'fheumadh teachdaire falbh leis air each agus 's dòcha gun toireadh e làithean.



Glè thrìc, bidh beingean ann am pàirce a' cuimhneachadh dhaoine aig an robh meas mòr air a' phàirce no air an sgìre. Tha clàr beag air a' bheinge seo.

Tha e ag ràdh "Mar chuimhneachan air Artair Rothach (1945-1987) an duine aig Louisa agus athair Shìlis. Tha sinn ga chaoidh gu mòr. Chaidh a thoirt air falbh ro thràth."



Tha bagannan phàipearan-naidheachd dathte agus soillseach airson gum faic draibhearan gu furasta balach no nighean nam pàipearan tràth air madainn dhorcha.

Tha am бага seo ag ràdh: "Am Mersey Gazette" air an aghaidh. Tha Bilidh a' dèanamh cuairt phàipearan ron sgoil no às dèidh na sgoile agus ag obair ann am bùth Sheumais. Saoilidh tu gu bheil tòrr an sin ach, o chionn fhada, dh'fheumadh clann glè thrìc a bhith ag obair uairean fada.



Tha seo coltach ri cuidhteas à bùth. Feumaidh gu robh cuideigin a' ceannach airson na seachdain. Tha e a' sealltainn gun d'fhuair iad am biadh gu lèir, iasg, feòil, aran, measan is lusan sa mhòr-bhùth.

Chleachd daoine a bhith a' ceannach a h-uile càil o bhùithtean fa leth mar an grosair, fear an èisg, buidsear, bèicear agus fear nan lusan. Ach mar a tha na mòr-bhùthan air a bhith a' sìor fhàs agus daoine air a bhith a' fàs nas trainge, tha e doirbh dha na bùithtean beaga cumail a' dol.



Tha seo coltach ri seann bhòrd-spèilidh a chaidh fhàgail an seo seach gu bheil cuibhle a dhìth air. Tha ainm cuideigin air ach tha e doirbh a leughadh. Tha e coltach ri A McNair. 'S dòcha gun do dh'fhàg caraaid Bhilidh an seo e.

Chaidh bùird-spèilidh innleachdadh ann an Ameireaga sna 1960an le surfairean a chuir cuiblichean air bùird-surfaidh.

LUCHD-FIANAIS



"...agus thàinig car eile an-diugh ann an sgeulachd dìleab nam Moireach nuair a thàinig fear-togail gun obair a bhuineas dhan àite, Aonghas Robasdan, 36, air adhart le fianais gur esan an t-oighre air dìleab nam Moireach.

Tha Robasdan a' cumail a-mach gu robh a theaghlach à Alba gu na 1920an, an t-àm a ghluais mac Raonaid is Thòmais Mhoirich a Bhaile Lèir. Sheall e cuideachd seann phàidhear fhailmheagan airson bannan-dùirn le na litrichean 'TM' a tha e ag ràdh a tha a' seasamh airson Tòmas Mòireach. Tha e a' cumail a-mach gu bheil iad air a bhith san teaghlach aige fad ghinealaich.

Tha cùis an oighre air a dhol na theas oir tha seo air nochdadh dìreach latha no dhà an dèidh do dh'fhear-gnothaich às an àite, Uilleam Moireach, tagradh a dhèanamh airson an airgid. Chan eil ach trì uairean a thìde air fhàgail a-nis airson fiosrachadh a lorg mun oighre...

Ann an naidheachd eile, tha am baile ag ullachadh airson a' ghèama eadar Baile Lèir agus Everton aig deireadh na seachdain..."

An Sgeulachd

Tha fear-gnothaich às an sgìre, Uilleam Moireach, 61, agus fear-togail gun obair, Aonghas Robasdan, 36, mu thràth air tighinn air adhart le tagradh airson na dìleab. Tha caraid Bhilidh, Ailig McNair, cuideachd dhen bheachd gur dòcha gur esan an t-oighre.

Leabharlann na Sgoile: Sheall sgeulachd ann an seann phàipear-naidheachd bho 1929 gun do phòs Raonaid (an dèidh dhi bhith an dùil gu robh a' chiad duine aice, Tòmas, marbh) fear air an robh Ruairidh Rothach. Dh'atharraich Raonaid agus a mac an sloinneadh bho Moireach gu Rothach.

Bùth-threallaich: Sheall seann dealbh bho 1945 Teàrlach Rothach, a mhàthair Raonaid agus a bhean Sìne a' comharrachadh breith am mic Artair Latha VE. Chaidh seann dèideag bho na 1940an a lorg cuideachd.

Pàirce-spèilidh: Bha clàr air beinge mar chuimhneachan air Artair Rothach (1945 - 1987). 'S ann bho a bhean Louisa agus a nighean, Sìleas a bha e.

Seòmar-suidhe



Seo an seòmar-suidhe ann an taigh Bhilidh, far a bheil e a' fuireach còmhla ri a mhàthair Sìleas agus athair, Stiùbhart. Tha e beag agus a' leigeil a-steach uisge ach bi iad brònach ma thèid a leagail.

Nithean



Seo biadh à àmhainn microwave, cearc ann an coiridh. Canaidh sinn uaireannan 'Dinnearan TBh' ri biadh mar seo oir tha sinn glè thrì gan ithe air beulaibh an telebhisein!

Thug teicneòlas ùr buaidh mhòr air mar a tha sinn ag ithe an-diugh. Faodar biadh deasaichte a theasachadh ann an àmhainn microwave ann am beagan mhionaidean. Sna bliadhnaichean a dh'fhalbh, bhiodh e a' toirt uairean a thide seach mionaidean a' deasachadh bidhe.



Tha an cloc seo glè aosta. Chan eil e a' ruith air bataraidh idir. Feumaidh tu bhith ga rothaigeadh le iuchair. Bhuineadh e do dh'athair Stiùbhart a bhiodh ag ràdh gun tug e leis à Iamàica e air a' bhàta. Ach tha e mòr agus trom agus tha amharas aig Stiùbhart gu robh e a' tarraing às.



Tha an t-seud-ghlasaidh airgid seo air a bhith san teaghlach cho fada 's as cuimhne do mhàthair Bhilidh. Bidh e coltach gun tàinig i bho na 1850an.

Glè thrì, bhiodh dealbhan mar chuimhneachan air an teaghlach ann an seud-ghlasaidh nuair a bhiodh daoine air falbh bhon taigh.



Chaidh a' chiad chraoladh telebhisein a dhèanamh le Iain Logie Baird à Alba ann an 1926. Bha dealbhan a' chiad mhodailean gu math truagh agus ann an dubh is geal.

Tha naidheachdan na sgìre air an telebhisean seo. Tha an neach-aithris ag ràdh gur e cealgair a th' ann an Aonghas Robasdan. Thàinig an teaghlach Robasdan às A' Chuimrigh agus cha b' ann à Alba mar a bha Robasdan a' cumail a-mach.



Tha gnothaichean teaghlaich mar dealbhan agus pàipearan sa bhogsa seo. Tha seann aithisg-sgoile màthair Bhilidh ann, cairtean-siubhail an teaghlaich agus dealbh de phàrantan Bhilidh an latha a phòs iad.

Tha am fiosrachadh an cois na deilbh ag ràdh: "Pòsadh Stiùbhart MhicThòmais agus Sìleas Rothaich, 24^{mh} An t-Ògmhios, 1994".

LUCHD-FIANAIS



"Am balach a tha siud, tha cheann sna sgòthan! Bha e fadalach airson a dhinnear, agus thàinig e an uair sin a-steach na dheann a' cur cheistean orm fhad 's a bha e a' sadail sìos a bhiadh. Ag iarraidh faighinn a-mach mu sheanair Artair, an t-seann sheud-ghlasaidh agam agus a' dol tro seann dealbhan...

Cha do rinn e fiù 's deiseil a bhiadh... bha e a' coimhead an TBh mun chealgair ud a tha a' feuchainn ris an t-airgead fhaighinn nuair a leum e a-mach às a' chathair ag eigheachd 'Cha chreid mi nach eil e agam! Sgoinneil!' agus a-mach an doras leis!

Chan eil càil a dh'fhios càite an deach e. Dh'iarr mi air Stiùbhart feuchainn ri lorg, ach tha seann Sheumais airson gun cuidich e e a' gluasad bhogsaichean sa bhùth an toiseach. Tha e coltach gu robh còir aig Bilidh a bhith air seo a dhèanamh ach cha robh e ach a' cur às mu dhìomhaireachd na dìleab."

An Sgeulachd

Tha fear-gnothaich às an sgìre, Uilleam Moireach, 61, agus fear-togail gun obair, Aonghas Robasdan, 36, mu thràth air tighinn air adhart le tagradh airson na dìleab. Tha caraid Bhilidh, Ailig McNair, cuideachd dhen bheachd gur dòcha gur esan an t-oighre.

Leabharlann na Sgoile: Sheall sgeulachd ann an seann phàipear naidheachd bho 1929 gun do phòs Raonaid (an dèidh dhi bhith an dùil gu robh a' chiad duine aice, Tòmas, marbh) fear air an robh Ruairidh Rothach. Dh'atharraich Raonaid agus a mac an sloinneadh bho Moireach gu Rothach.

Bùth-threallaich: Sheall seann dealbh bho 1945 Teàrlach Rothach, a mhàthair Raonaid agus a bhean Sìne a' comharrachadh breith am mic air Artair Latha VE. Chaidh seann dèideag bho na 1940an a lorg cuideachd.

Pàirce-spèilidh: Bha clàr air beinge mar chuimhneachan air Artair Rothach (1945 - 1987). 'S ann bho a bhean Louisa agus a nighean, Sìleas a bha e.

Seòmar-suidhe Bhilidh: Sheall athisg-sgoile agus dealbh-phòsaidh Shìleis, màthair Bhilidh, gur e Sìleas Rothach a bh' oirre bho thùs. Dh'atharraich i a h-ainm gu Sìleas NicThòmais nuair a phòs i Stiùbhart MacThòmais ann an 1994. Tha dealbh teaghlaich cuideachd ann an seann sheud-ghlasaidh bho na 1850an.

Beachd an Eòlaiche

A' coimhead air ais air na h-àitichean agus a' sgrùdadh loidhne-fala an teaghlaich, cho-dhùin mi le bhith a' cruinneachadh nam pìosan fianais a leanas:

A. Sheall am pàipear-naidheachd bho 1929 gun do phòs Raonaid, bean Thòmais Mhoirich, a-rithist. Phòs i Ruairidh Rothach ann an gàrradh nam bàtaichean. Dh'atharraich Raonaid agus a mac, Teàrlach Moireach, an sloinneadh gu Rothach.

B. Sheall an t-seann dhealbh ann am Bùth an Treallaich gun do phòs Teàrlach Rothach Sìne agus gun do rugadh balach dhaibh air an robh Artair Rothach am feasgar ro Latha VE ann an 1945.

C. Sheall an clàr air a' bheinge a' cuimhneachadh Artair Rothach gu robh bean aige air an robh Louisa agus nighean air an robh Sìleas.

Agus... dè thachair do Shìleas Rothach?

Uill, tha na seann ghnothaichean teaghlaich ann an seòmar-suidhe Bhilidh a' sealltainn gun do phòs Sìleas Rothach Stiùbhart MacThòmais ann an 1994.



NEACH-AITHRIS: "Agus an dèidh gach nì a thachair, abair naidheachd do bhalach òg, Bilidh MacThòmais, a bha a' rannsachadh sgeulachd dìleab nam Moireach gus an duais a bhuannachadh.



Dìreach beagan mhionaidean mus do chrìochnaich a' chùis, thàinig e am follais gur e Bilidh fhèin iar-dhubh-ogha Anndra Mhoirich!"



SÌLEAS NICTHÒMAIS: "Bha fios againn riamh gu robh Bilidh sònraichte am measg nam milleanan, ach seo?



Chan urrainn dhomh a chreidsinn fhathast gura sinn oighreachan dìleab nam Moireach!"